

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

An Sgadan Glan

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,355. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 1,051 corresponds to Litir 1,355. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learnghaelic.scot/litir. Ruairidh can be contacted at fios@learnghaelic.scot.

Dè th' ann an sgadan glan agus sgadan salach? Clean herring agus dirty herring? Uill, chan eil e cho sìmplidh sin. Tha mi a' dol a dh'innse dhuibh dè th' ann ach, an toiseach, feumaidh mi innse dhuibh carson a tha mi a' beachdachadh air a' chuspair seo.

Air mo bheulaibh, tha lethbhreac agam de sheann phàipear. Chaidh fhoillseachadh ann an Dùn Èideann ann an ochd ceud deug, ceathrad 's a sia (1846). 'S e an t-ainm a th' air '*Directions for Taking and Curing Herrings; and for Curing Cod, Ling, Tusk and Hake*'.

Chaidh fhoillseachadh le Bòrd na h-Iasgaireachd Bhreatannaich no *The Board of British Fisheries*. 'S e an rud a tha iongantach mu dheidhinn gun robh e air eadar-theangachadh gu Gàidhlig. Tha gach duilleag air a roinn eadar an dà chànan, a' Bheurla air an taobh chli agus a' Ghàidhlig air an taobh dheas. 'S e an tiotal a th' air ann an Gàidhlig '**An Seòl air an Glacair agus an Grèidhear an Sgadan**; agus air an Grèidhear an Trosg, an Langa, an Traille agus am Falmair'.

B' e an t-ùghdar fear a bha rudeigin ainmeil ri a linn – An Ridire Tòmas Dic Lauder. Bha e na 'Rùn-chlèireach' aig Bòrd na h-Iasgaireachd – sin *Secretary to the Fisheries Board*. 'S e an t-Urr. Alasdair MacGriogair, Ministear-cuideachaidh ann an Cille Mhoire san Eilean Sgitheanach a rinn an t-eadar-theangachadh.

Tha e inntinneach gun robhar a' tuigsinn cho cudromach 's a bha e gum biodh an deagh chomhairle anns a' phàipear air a leughadh le iasgairan Gàidhealach. Ann am meadhan an naoidheamh linn deug, bha an t-uabhas dhaoine comasach air Gàidhlig a leughadh – gu h-àraidh Gàidhlig a' Bhiobail. Thug Gàidhlig a' Bhiobail buaidh mhòr air an eadar-theangadair. Mar sin, tha am pàipear ann an stoidhle, agus le briathrachas, a tha rudeigin clasaigeach, gun a bhith ro dhualchainnteach.

Tha an t-ùghdar ag innse dhuinn gu bheil trì seòrsaichean sgadain ann – an sgadan glan, an sgadan salach agus an sgadan ruithte. Airson tuigsinn dè th' ann an sgadan glan, feumaidh mi dà fhacal a mhìneachadh dhuibh. Tha *iuchair* a' ciallachadh *fish roe* – na meanbh-uisgean aig sgadain bhoireann – *iuchair*; agus tha *mealg* a' ciallachadh *milt* – no sìol nan sgadan fireann; *mealg*.

'S e *sgadan glan* iasg anns a bheil an iuchair no a' mhealg air an dealbhadh. Ach chan eil iad air an leasachadh cus. Chan eil iad ro mhòr. Ann am Beurla, canar *maties* riutha. Is iad sin na sgadain as fheàrr mar bhiadh.

'S e an sgadan salach, ge-tà, am fear as luachmhoire oir tha e a' coimhead nas reamhra na 'n sgadan glan. 'S e sgadan salach iasg anns a bheil an iuchair no a' mhealg air a leasachadh gu mòr. Ann am Beurla, canaidh daoine *full fish* riutha.

Tha treas seòrsa ann, agus 's e sin an sgadan ruithte no *spent fish*. **Tha iad air cladhachadh mu-thràth.** Tha sin a' ciallachadh '*they have already spawned*'. Tha iad air cladhachadh. Chan eil iuchair no mealg annta tuilleadh. Tha iad a' coimhead caol agus chan eil iad cho math mar bhiadh.

Sin agaibh na trì seòrsaichean a dh'aithnicheadh na Gàidheil ann am meadhan an naoidheamh linn deug. Ma tha sibh fortanach gu leòr sgadan fhaighinn mar bhiadh, nach dèan sibh fhèin tomhas air – a bheil e glan, salach no ruithte?!

* * * * *

Faclan na Litreach: Dùn Èideann: *Edinburgh*; Bòrd na h-Iasgaireachd Bhreatannaich: *Board of British Fisheries*; An Ridire Tòmas Dic Lauder: *Sir Thomas Dick Lauder*; Rùn-chlèireach: *Secretary*; Ministear-cuideachaidh ann an Cille Mhoire: *Assistant Minister in Kilmuir*; briathrachas: *vocabulary*; as luachmhoire: *most valuable*; nas reamhra: *fatter, plumper*; treas seòrsa: *third type*.

Abairtean na Litreach: chan eil e cho simplidh sin: *it's not that simple*; feumaidh mi innse dhuibh: *I must tell you*; carson a tha mi a' beachdachadh air a' chuspair seo: *why I am considering this subject*; tha gach duilleag air a roinn eadar an dà chànan: *each page is divided between the two languages*; a' Bheurla air an taobh chli agus a' Ghàidhlig air an taobh dheas: *the English on the left side and the Gaelic on the right side*; gun robhar a' tuigsinn cho cudromach 's a bha e: *that it was understood how important it was*; gum biodh an deagh chomhairle anns a' phàipear air a leughadh le iasgairean Gàidhealach: *that the good advice in the paper was read by Gaelic-speaking fishermen*; ann am meadhan an naoidheamh linn deug, bha an t-uabhas dhaoine comasach air Gàidhlig a leughadh: *in the mid 19th century, many people were capable of reading Gaelic*; thug Gàidhlig a' Bhiobaill buaidh mhòr air an eadar-theangadair: *Biblical Gaelic exerted a big influence on the translator*; a tha rudeigin clasaigeach, gun a bhith ro dhualchainnteach: *which is somewhat classical, without being too dialectal*; 's e X iasg anns a bheil an iuchair no a' mhealg air an dealbhadh: *X is a fish in which the roe or milt are formed*; chan eil iad air an leasachadh cus: *they are not too well developed*; na sgadain as fheàrr mar bhiadh: *the best herrings for eating*; na trì seòrsaichean a dh'aithnicheadh na Gàidheil: *the three types that the Gaels would recognise*; nach dèan sibh fhèin tomhas air: *won't you (why not) estimate it?*

Puing-chànain na Litreach: An Seòl air an Glacar agus an Grèidhear an Sgadan: *directions for how the herring is caught and cured*. Seòl means the manner of doing something or directions/guidance. It is the root for the word seòladh which we use today for 'address'. Glacar and grèidhear are future passive forms of the verbs glac 'catch' and grèidh 'cure or preserve food'.

Gnàthas-cainnt na Litreach: Tha iad air cladhachadh mu-thràth: *they have already spawned*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA